

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 26mh dhen GHIBLEAN
Ùrnaigh aig 7f.

Tha sinn fhathast a' siubhal tron àm doirbh seo, agus tha sinn mothachail gum bi ar turas gar toirt gu h-aiteachan eadar-dhealaichte. Ag amannan, bidh sinn a' faicinn nas soilleire far a bheil an rathad againn a' dol. Ag amannan eile, cha bhith sinn idir cho cinnteach - 's ann mar sin a bha e dhan dithis dheisciobail air an rathad gu Emàus (Lùcas 24: 13 - 35). Fhad 's a bha iad a' siubhal, bha iad a' feuchainn ri thuigsinn a h-uile rud a bha a' tachairt mu thimcheall orra agus, ann an da-rìribh, bha e fìor dhoirbh ri thuigsinn. Cha mhòr, ar leotha, gun deach an dòchas gu lèir aca air thoirt bhuapa. Gun dùil aca idir, nochd cuidgein nach b'aithne dhaibh nan làthair. Dh'èist an neach neo-aithnichte ris an sgeulachd aca, agus, nuair a bha e air a cluinntinn, thòisich e ri mhìneachadh dhaibh dòigh eile gus an sgeulachd sin a thuigsinn. Nuair a thàinig iad gu ceann an turais, bha an neach neo-aithnichte air aithneachadh mu dheireadh thall mar an Tighearna air èirigh: "Dh'èirich an Tighearna da-rìribh"! Tha an Tighearna daonnan maille rinn air an t-slighe. Mar sin, dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna, is sinne an fheadhainn a tha a' siubhal,
agus an-diugh tha ar turas cruaidh oirnn.

Is sinne an fheadhainn a tha a' siubhal,
le miann airson dòchas ùraichte.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn a' siubhal air adhart: cuid againn nar n-aonar, cuid againn le companaich ri ar taobh.

Tha sinn a' siubhal air adhart, cuid againn cinnteach mu cheann ar turais, agus cuid againn nach eil idir cho cinnteach.

A Thighearna na h-aiseirigh, còisich maille rinn air an t-slighe.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh airson daoine eile;
airson na feadhainn a tha a' frithealadh na tha beò, agus na tha a' bàsachadh;
airson na feadhainn a tha fo bhròn agus fo iomcheist;
airson na feadhainn a tha iomaganach mun dreuchd aca.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh airson luchd-saidheans agus
luchd-rannsachaidh;

airson na feadhainn a tha a' feuchainn ris an dùbhlán a tha romhainn a thuigsinn;

airson na feadhainn tha a' feuchainn ri banadach a chruthachadh;

airson na feadhainn a' toirt comhairle do na riaghaltasan.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh airson nan uile aig a bheil ùghdarras, ann an comhairlean iondail, ann an Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte.

Tabhair dhaibh gliocas, truas agus tuigse.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, tha sinn ag ùrnaigh gun tig do Rìoghachd, agus gun dèanar do thoil air an talamh mar a nithear air nèamh.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam Mìon-shluagh ri chèile ann an Alba (MECTIS)